



Stiùireadh airson Dìon  
Togalaichean  
Clàraichte na h-Alba

Na tha Clàradh a' Ciallachadh  
airson Sealbhadairan agus  
Luchd-còmhnaidh

2009





Stiùireadh airson Dìon

# Togalaichean Clàraichte na h-Alba

Na tha Clàradh a' Ciallachadh  
airson Sealbhadairean agus  
Luchd-còmhnaidh

2009





## Ro-ràdh

Tha togalaichean eachdraidheil a' cur ri beairteas sealladh-tìre na h-Alba.

Tha iad a' cur ris an caractar sònraichte a tha a' cumadh ìomhaigh na dùthcha againn agus a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba mar phàirt chudromach den ghnìomhachas turasachd againn.

*Tha  
togalaichean  
eachdraidheil a'  
cur ri beairteas  
sealladh-tìre na  
h-Alba*



Tha Alba Aosmhor, buidheann gnìomha de Riaghaltas na h-Alba, a' cur ri chèile liostaichean de thogalaichean anns a bheil ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil às leth Ministearan na h-Alba. Tha na liostaichean a' dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas dealbhaidh a' gabhail suim de dh'fheumalchdan an àrainneachd eachdraidheil, agus a' treòrachadh stiùireadh an atharrachaidh.

Tha an stiùireadh neo-fhoirmeil seo mun reachdas a tha a' dìon togalaichean eachdraidheil na h-Alba, a' mìneachadh mar a tha Alba Aosmhor agus na h-ùghdarrasan dealbhaidh a' rianachadh an reachdas sin.

Tha Alba Aosmhor a' taghadh thogalaichean le 'ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil' airson an liostadh. Tha an stiùireadh cuideachd a' mìneachadh na siostaman a tha steidhichte gus dèanamh cinnteach gu bheil sgrùdadh ceart ga dhèanamh air a h-uile tagradh airson togalaichean a leagail, togalaichean clàraichte atharrachadh no a leudachadh, a-staigh no a-muigh, no airson togalaichean sam bith a leagail ann an sgìrean glèidhteachais.

Is e an t-amas againn caractar dualchas thogte na h-Alba a dhìon agus dìon an aghaidh call no milleadh air nach eil feum.

Faodaidh tu comhairle fhaighinn mu ciamar a chuireas tu a-steach airson cead agus mar a tha tagradh an aghaidh diùltadh cead air a làimhseachadh, agus tha sinn a' mìneachadh an dreuchd adhartach a tha aig na h-ùghdarrasan dealbhaidh agus na Ministearan Albannach a thaobh a bhith a' dìon càradh no glèidhteachas thogalaichean clàraichte.

Mu dheireadh, tha an leabhran a' mìneachadh nan tabhartasan a dh'fhaodas a bhith air chothrom airson togalaichean le ùidh ailtireil no eachdraidheil, agus a' toirt comhairle air mar a choimheadas tu às dèidh an togalaich agad. Tha beag-fhaclair ann cuideachd le na prìomh abairtean a tha air an cleachdadh san sgrìobhainn.

## Dè na togalaichean a tha air an taghadh



Tha togalach air a thaghadh airson àite air na liostaichean mu choinneamh slàt-tomhais a tha a' toirt a-steach dealbh agus togail, a shuidheachadh air taobh a-staigh seòrsa togalach sònraichte, agus a bhrìgh eachdraidheil a th' aige.

Tha na prionnsabalan taghaidh air an cur a-mach uile aig Earr-ràdh 2 dhen *Phoileasaidh Àrainneachd Alba Aosmhor* (Dàmhar 2008) a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha iad a' tairgsinn frèam-obrach agus air taobh a-staigh nan crìochan sin tha breith phroifeiseanta ga ruighinn air co-dhùnidhean fa leth. Airson a bhith clàraichte, chan fheum togalach a bhith ag obrachadh airson an adhbhar san deach a thogail an toiseach. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh seann drochaid rèile cumail a' dol mar cheum-coise no slighe baighseagail, no fiù 's mar thearmann fiadh-bheatha.

San fharsaingeachd tha iad a' tuiteam a-steach gu trì raointean:

### **a. aois agus annasachd**

Faodar togalaichean a chaidh an clàradh ro 1840 a chlàradh mura bheil an caractar sònraichte aca air a mhilleadh gu ìre mhòr. Tha togalaichean nas anmoiche air an taghadh airson an cuid caractar agus càileachd fa leth. Tha an aon seòrsa measadh ga dhèanamh air an fheadhainn a chaidh an togail às dèidh 1945, ach mar as trice cha bhith clàradh ga dhèanamh air togalaichean a tha nas lugha na deich bliadhna fichead a dh'aois, nas lugha na tha adhbhar sònraichte ann sin a dhèanamh.

### **b. ùidh ailtireil no eachdraidheil**

Tha taghadh airson ùidh ailtireil agus eachdraidheil air a mheasadh fo roghainn de chinn cuspair agus air taobh a-staigh seòrsachadh togalaich sònraichte. Am measg nan cinn-chuspair tha an leth a-staigh, riochd plana, òirdhearcas teicneòlais no innleachdais, càileachd stuth no dealbh, stèidheachadh agus co-theacsa agus roghainnean sònraichte sgèireil.





### **c. dlùth-cheangalaichean eachdraidheil**

Faodaidh dlùth-cheangalaichean ri daoine a tha cudromach gu nàiseanta, no tachartasan le ceangalaichean mu bheil deagh aithne, far a bheil staid an togalaich cuideachd a' tairgsinn ìre càileachd agus ùidh, a bhith na chomharra cudromach. Ann a bhith a' beachdachadh air leithid de chùisean feumaidh an ceangal a bhith air a dheagh dhearbhadh agus a bhith brìghmhor. Bu chòir an togalach a bhith mar chomharra dhen duine no an tachartas agus chan ann dìreach a bhith mar fhianais dhaibh.

Tha na diofar bhun-chùisean air an tomhas gus dearbhadh co-dhiù a tha an 'ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil' a tha a dhìth aig cuspair airson a bhith air a chlàradh.

Tha an abairt 'togalach' air a mhìneachadh gu math farsaing anns an reachdas agus faodaidh e gabhail a-steach, mar eisimpleir, ballachan, fuarain, clachan-grèine, ìomhaighean, drochaidean, àrd-ùrlaran chòmhlain agus cidheachan.

## Ag obrachadh le na prionnsabalan

Ann a bhith a' taghadh thogalaichean air taobh a-staigh nam prionnsabalan farsaing, tha aire mhionaideach ga thoirt don luach shònraichte taobh a-staigh seòrsachan thogalaichean, co-dhiù airson adhbharan ailtireil no dealbhaidh, no mar mhìneachadh air eachdraidh shòisealta agus eaconamach. Faodaidh togalach a bhith air a chlàradh airson an tabhartas aige ri buidheann ùidheil a



thaobh ailtireachd no eachdraidh, leithid baile mòr dealbhte, ceàrnag baile no modal baile a thuilleadh air an luach shònraichte aige fhein air an tèid beachdachadh fa leth. Gu math tric tha buaidh thogalaichean dualchasach air a dhèanamh chan ann a-mhàin le togalaichean fa leth ach le buidheann dhiubh. Aig ceann eile an raoin, faodaidh taigh mòr dùthchail a bhith air a leasachadh le togalaichean a tha ri taobh leithid stàbalan, loidsichean, cidheachan-geata agus drochaidean

air an talamh timcheall air, agus an aon rud an rathad eile. Tha fìrinnteachd - sin cho faisg 's tha an togalach ris an tùs staid agus mar sin an coimeas a chuid brìgh agus ìrean dearbhteachd a chur an cèill, cudromach. Chan e gum feum an togalach a bhith mar a chaidh a togail an toiseach, oir faodaidh atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh cur ris a' chudromachd aige. Thèid beachdachadh air na chaidh a chur ris no a thoirt air falbh a thaobh a' bhuanachd iomlan no an cron a tha e air a dhèanamh air caractar an togalaich.



Tha e cudromach a ràdh nuair a thathar a' beachdachadh air togalaichean airson clàradh, nach fhaodar beachdachadh air bun-chùisean eile a thuilleadh air ùidh ailtireil no eachdraidheil mar a th' air a mhìneachadh gu h-àrd. Mar eisimpleir, chan eil staid an togalaich a' toirt buaidh air a' mheasadh nas lugha na tha e a' toirt air falbh gu mòr bhon ùidh ailtireil no eachdraidheil gu ìre far nach urrainnear a mhìneachadh mar sònraichte.

Tha Alba Aosmhor a' dèanamh ath-sgrùdadh mionaideach air na liostaichean a th' ann mar-thà, prògram leantainneach airson an cumail suas agus sgrùdaidhean fa leth air prìomh sheòrsachan togalaich no cuspairean. Faodar togalaichean fa leth air taobh a-muigh nan raointean ath-sgrùdaidh no cuspaireil a mholadh airson clàradh aig àm sam bith, faic td18. Ach, san àbhaist, cha chlàr Alba Aosmhor togalach ma tha tagradh dealbhaidh beò a' dol air adhart no aig àm nuair a tha ath-thagradh ga dhèanamh.

## Na liostaichean

Às dèidh do dh'Alba Aosmhor sgrùdadh a dhèanamh agus co-chomhairle a chumail ri eòlaichean iomchaidh, tha liosta air a chur ri chèile de na togalaichean gu lèir anns a bheil ùidh ailtireil no eachdraidheil air taobh a-staigh an raon aig gach ùghdarras ionadail fa leth. Tha an liosta reachdail air a sgaradh eadar pharaistean agus bhailtean airson a dhèanamh nas fhasa na togalaichean a chomharrachadh agus an rianachd.

‘S e an seòladh an eileamaid reachdail dhen liosta.



Bidh an liosta cuideachd a' gabhail a-steach mìneachadh ailtireil a tha a' comharrachadh an togalaich, le fiosrachadh mun cheann-latha agus an t-aitire ma tha aithne air/oirre, seòrsa togalaich agus stoidhle, roinn, iomradh map agus stuth fiosrachaidh

riatanach sam bith eile. Chan eil seo a' feuchainn ris a h-uile eileamaid a chlàradh, tha e neo-reachdail agus chan eil brìgh laghail sam bith aige. Air chor sam bith chan fhaodar a mhìneachadh mar chomharra air na rudan a tha air an còmhdach gu sònraichte leis a' chlàradh.



Tha na notaichean a' tairgsinn stuth bun-fhiosrachaidh agus a cuideachadh gus an ùidh shònraichte agus cudromachd togalaich a chomharrachadh. Anns na liostaichean as ùire tha iad a' tairgsinn geàrr-chunntas air na h-adhbharan air cùl an t-sònrachaidh.

**Tha an dìon a tha clàradh a' toirt dhan togalach a' leudachadh chun an togalaich gu lèir (a-staigh sa muigh) aig an t-seòladh a tha air a thoirt seachad agus gu togalaichean no structuran sam bith co-cheangailte.**

Tha Alba Aosmhor a' cur fàilte air fiosrachadh eachdraidheil a bharrachd sam bith a dh'fhaodadh sealbhadairean, agus aonadan ionadail no comainn eachdraidh a thoirt seachad. Tha gach togalach a tha air na liostaichean reachdail an urra ri na solarachaidhean laghail a th' air am mìneachadh anns an leabhran seo agus tha an aon ìre dìon aca ge-brith dè an roinn anns a bheil iad.

Tha togalaichean air na liostaichean air an cur ann am fear de trì roinnean a rèir an ìre cudthromachd aca. Faodar fiù 's togalaichean cumanta, sìmplidh, mar eisimpleir taighean-tuthaidh no muilnean dùthchail le uidheamachd, a chur anns an roinn as àirde ma tha iad nan eisimpleirean sònraichte dhen seòrsa togalach a tha iad a' riochdachadh.

‘S iad na roinnean:

## **ROINN A**

Togalaichean aig a bheil cudthromachd nàiseanta no eadar-nàiseanta, gu h-aitireil no gu h-eachdraidheil, no eisimpleirean grinn air bheag atharrachadh de linn shònraichte, stoidhle no seòrsa togalaich.

## **ROINN B**

Togalaichean aig a bheil cudthromachd roinneil nas motha na cudthromachd ionadail, no eisimpleirean mòra de linn shònraichte, stoidhle no seòrsa togalaich a dh'fhaodadh a bhith air atharrachadh.

## **ROINN C(S)**

Togalaichean aig a bheil cudthromachd ionadail, eisimpleirean nas lugha de linn shònraichte, stoidhle, no seòrsa togalaich, mar a chaidh a thogail bho thùs no le beagan atharrachaidh; agus togalaichean sìmplidh, traidiseanta a tha a' freagairt mar phàirt de bhuidheann còmhla ri feadhainn eile ann an roinnean A agus B no a tha mar phàirt de bhuidheann dealbhte leithid oighreachd no aonad gnìomhachais.

Tha clàradh a' còmhdach an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh togalaich ge-brith dè an roinn sa bheil i.

Gu math tric tha luach thogalaichean a tha a' buntainn ri chèile ann an riochd sealladh-bailteil no air an cur a-mach ann an co-theacsan bailteil, dùthchail no oighreachdail air an aithneachadh le bhith gan cur ann am buidhnean A no B. Chan eil an roinneadh buidhne a' toirt atharrachadh sam bith air an roinn fa leth ach a' leagail

cuideam gu bheil an luach aig gach togalach air a leasachadh leis a cheangal ri feadhainn eile sa bhuidheann. Tha inbhe A no B mar chomharra air luach iomlan na buidhne. Mar eisimpleir, faodaidh sreath de thaighean beaga a tha airidh air inbhe C(S) fa leth a bhith mar phàirt no cur ri buidheann a tha airidh air inbhe B no fiù 's A.

Tha cuid de thogalaichean eachdraidheil rim faighinn am broinn gàraidhean cudromach agus seallaidhean-tìre dealbhate. Tha an Liosta de Ghàraidhean agus Seallaidhean-tìre Dealbhate, ag aithneachadh am feum a th' ann an dìon airson an fheadhainn as cudromaiche dhe na làraichean seo a chomharrachadh agus a stiùireadh.

Faodar an sgìre timcheall togalach a bhith air a ghabhail a-steach san chlàradh agus an dìon a tha air a thoirt do thogalach chlàraichte a bhith air a leudachadh gu structairean eile. Mar eisimpleir, balla crìoch taighe, an loidse aig taigh dùthchail, no na h-oifisean a tha a' frithealadh factaraidh. 'S e an sgìre timcheall a theirear ris an seo agus tha na crìochan aige air a mhìneachadh leis an ughdarras dealbhaidh ionadail mar phàirt dhen dreuchd stiùiridh aca.



## Q An tèid mo bheachd a shireadh?

Tha Alba Aosmhor a' dèanamh oidhirp reusanta, mar phàirt dhen mheasadh, co-chomhairle a chumail ris an t-sealbhadair no neach-còmhnaidh togalaich air a bheilear a' beachdachadh airson clàradh. Tha an co-chomhairle seo a' tairginn fiosrachadh luachmhor air a' chuspair. Tha e a toirt dhuinn an cothrom làn mhìneachadh a dhèanamh air na tha clàradh a' ciallachadh agus airson còmhradh agus comhairle a thoirt air cùisean glèidhteachais sam bith a dh'fhaodas a bhith na uallach don t-sealbhadair.

Chan eil co-chomhairle ris an t-sealbhadair air iarraidh leis an reachdas.

## Q Am faigh mi fios mu liostaichean ùra agus atharraichean ri liostaichean a th' ann mar-thà?



Cho luath sa ghabhas às dèidh an liosta dheireannach fhaighinn bho Alba Aosmhor, feumaidh an t-ùghdarras dealbhaidh fios a leigeil gu sealbhadairean, luchd-màil, agus luchd-còmhnaidh gu

bheil na togalaichean aca air an cur, no air an toirt far, an liosta. Faodaidh an t-ùghdarras dealbhaidh cuideachd mìneachadh nas mionaidiche a thoirt seachad air buaidh a' chlàraidh.

Mar as trice, bidh Alba Aosmhor a' toirt seachad brath neo-oifigeil mun chlàradh, còmhla ri pasgan de dh'fhiosrachadh taice.

## Q Ciamar a nì mi tagradh an aghaidh clàradh?

Chan eil cead tagraidh reachdail ann an aghaidh clàradh. Ach, tha Ministearan na h-Alba deònach beachdachadh air ìmpidhean nach eil togalach (no, às dèidh atharraichean, tuilleadh) a' tarraing ùidh ailtireil no eachdraidheil gu leòr airson a bhith airidh air clàradh. Faodaidh tu ìmpidhean a dhèanamh aig àm sam bith às dèidh clàradh agus, mas urrainnear, bu chòir dhut dealbhan dhen togalach a chur na chois a' sealltainn an staid sa bheil e an-dràsta.

## Q An àrdaich clàradh na cosgaisean àrachais togalaich agam?

Chan eil clàradh ag iarraidh air sealbhadair an còmhdach àrachais àrdachadh airson an togalaich aca. Tha e an urra ri gach sealbhadair co-dhùnadh dè a tha iomchaidh airson dèiligeadh ri cunnartan a dh'fhaodadh tachairt agus luach an togalaich a dhìon. Air sàilleabh aois agus caractar togalach chlàraichte, faodaidh obair càraidh agus àrachas a bhith nas daoire seach obair càraidh air togalach coltach nas ùire. Chan eil e mar fhiachadh air sealbhadair àrachas a thoirt a-mach an aghaidh barrachd chunnartan na bhiodh air a chòmhdach airson togalach sam bith eile dhen aon aois, cleachdadh no luach. Chan eil an t-eòlas aig a h-uile companaidh airson dèiligeadh ri togalaichean eachdraidheil agus tha e air a chomhairleachadh fear aig a bheil an t-eòlas a shireadh a-mach. Faodar tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn anns an earrann dhen làrach-lìn againn a tha a' dèiligeadh ri stiùireadh airson sealbhadairean.

## Q A bheil clàradh a' tairgsinn lasachadh bho VAT?

Is dòcha gum bidh atharrachaidhean ri togalach clàraichte airson adhbharan dachaigh airidh airson lasachadh bho Chìs Luach Leasaichte (VAT). Tha an lasachadh seo ag iarraidh gum bidh na h-obraichean air cead togalach clàraichte fhaighinn agus gun deach na h-obraichean sin a dhèanamh le cùnnradair togail a tha clàraichte airson VAT. Airson togalaichean eaglaiseil a tha fhathast air an cleachdadh, tha sgeama ann a bheir lasachadh seachad mu choinneamh an t-suim a chaidh a phàigheadh airson VAT. Tha làn fhiosrachadh mun sgeama ri fhaighinn aig [www.lpwscheme.org.uk/](http://www.lpwscheme.org.uk/).

Airson tuilleadh fiosrachaidh bu chòir fios a chur gu HM Cìsean agus Cusbainn (a tha a cumail sùil air lasachadh VAT) le bhith a' fònadh chun an t-Seirbheis Comhairle Nàiseanta air 0845 010 9000, no le bhith a' cur post-dealan gu: [enquiries.sco@hmrc.gsi.gov.uk](mailto:enquiries.sco@hmrc.gsi.gov.uk). Faodaidh tu sgrìobhadh gu: HM Cìsean agus Cusbainn, Ceistean Sgrìobhte, Taigh Portcullis, 21 Sràid India, Glaschu, G2 4PZ.

Tha Iomradh HMRC: Brath 708 (Gearan 2008), Togalaichean agus Obair-togail, earrann 9, duilleagan 40-47, a' tairgsinn fiosrachadh ann an doimhneachd mu obraichean togail air togalaichean clàraichte. Faodaidh tu am foillseachadh a lorg air an làrach-lìn aig HM Cìsean agus Cusbainn aig [www.hmrc.gov.uk](http://www.hmrc.gov.uk).

## Q Càit am faic mi na liostaichean?

Tha gach ùghdarras ionadail a' cumail lethbhreacan dhe na liostaichean airson an sgìrean fhèin. Thèid aig an ùghdarras shònraichte air innse dhut far am faic thu lethbhreac dhen a' liosta.

Tha lethbhreacan cuideachd rim faotainn aig Alba Aosmhor, Taigh Longmore, Ionad Salisbury, Dùn Èideann EH9 1SH, no tron làrach-lìn againn aig [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk). Tha tobar fiosrachaidh eile aig Coimisean Rìoghail nan Làraichean Àrsaidh is Eachdraidheil an Alba aig Taigh Iain Mhic na Ceardaich, 16 Barraid Bernard, Dùn Èideann, EH8 9NX. Faodaidh tu cuideachd sealltainn air na liostaichean air-loidhne a' cleachdadh sgrùdadh stèidhichte air map PASTMAP, aig [www.pastmap.org.uk](http://www.pastmap.org.uk).

Airson fiosrachadh suas ris an uair mu dheidhinn sònrachadh togalach sam bith bu chòir dhut dearbhadh fhaighinn bhon ùghdarras ionadail no Alba Aosmhor.

## Q Cia mheud togalach a chaidh a chlàradh?

Tha timcheall air 47,400 togalach clàraichte ann an Alba.

Tha timcheall air 8 sa chiad ann an Roinn A, 51 sa chiad ann an Roinn B agus an còrr ann an Roinn C(S). Bidh an àireamh iomlan de thogalaichean clàraichte na h-Alba, agus an àireamh de thogalaichean air taobh a-staigh gach roinn, ag atharrachadh mar a ghluaiseas an ath-sgrùdadh air adhart. Tha timcheall air 1 sa chiad de stoc thogalach iomlan na dùthcha clàraichte.

## **Mar a mholas tu togalach airson clàradh**

Ma tha thu airson togalach a mholadh airson a bhith air a chomharrachadh mar làrach le ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil faodaidh tu sgrìobhadh no post-d a chur gu Roinn Clàraidh Alba Aosmhor. Bu chòir dhut dealbhan ùra dhen togalach, le ceann-latha agus ceann-sgrìobhaidh, fiosrachadh sam bith mu eachdraidh an togalaich agus cunnartan laithreach sam bith a chur an cois a' bhrath. Tha fiosrachadh mu cò leis a tha an togalach ga dhèanamh nas fhasa dhuinne faighinn a-steach dhan togalach. Faodar foirm tagraidh fhaighinn bho Roinn Clàraidh Alba Aosmhor, Taigh Longmore, Ionad Salisbury, Dùn Èideann EH9 1SH, Fòn 0131-668 8701/8705 no bhon làrach-lìn againn aig [www.historic-scotland.gov.uk/listing-proposal-form.pdf](http://www.historic-scotland.gov.uk/listing-proposal-form.pdf).

Mar as trice cha bhith togalach air a clàradh nuair a thathar a' beachdachadh air cead dealbhachaidh no ma tha cead air a thoirt seachad a bheir droch bhuaidh air caractar an togalaich.

## **A' stiùireadh atharrachadh**

Ged a tha togalach air a chlàradh a chionn 's gu bheil ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil aige chan eil sin a' ciallachadh nach fhaodar atharrachaidhean a dhèanamh ris. Chan eil e a' ciallachadh gu bheil atharrachaidhean an urra ri smachd tron fheum gus 'cead togalach clàraichte' fhaighinn airson atharrachaidhean ri togalach clàraichte a tha a' toirt buaidh air a caractar. Cho fad 's a ghabhas, bu chòir atharrachaidhean a tha san amharc caractar togalaichean clàraichte a dhìon. Tha liostadh cuideachd a' ciallachadh nach fhaodar togalach a leagail nas lugha na tha argamaid làidir air a chur air adhart air a shon agus gun tèid gabhail ris.



Gach bliadhna tha timcheall air 10 sa chiad de thogalaichean clàraichte Roinn A agus B a' faighinn leithid de chead airson atharrachadh.

### **Cead Togalach Clàraichte**

Feumaidh tu cead togalach clàraichte fhaighinn bhon ùghdarras dealbhaidh ma tha thu airson togalach clàraichte a leagail no atharrachadh no leudachadh a dhèanamh air ann an dòigh a bheir buaidh air a character mar thogalach le ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil. Tha an dòigh-obrach coltach ris a' phròiseas airson a bhith a' faighinn cead dealbhachaidh, ged nach eil suim airgid ri phàigheadh airson tagradh a dhèanamh.

Bu choir dhut daonnan faighneachd dhan ùghdarras dealbhaidh co-dhiù a tha cead togalach clàraichte air iarraidh mus dèan thu atharrachaidhean sam bith, a-staigh no muigh, ri togalach clàraichte.

Faodaidh atharrachaidhean beaga leithid glanadh cloiche, peantadh uile no pàirt dhen togalach no ag atharrachadh uinneagan fiodha buaidh mhòr a thoirt air caractar togalaich agus mar sin, mar as trice, tha iad feumach air cead togalach clàraichte. Ma thathar dhen bheachd gu bheil droch bhuidh aig an obair a tha san amharc air caractar an togalaich, cha bhiodh an t-atharrachadh air a mholadh agus dh'fhaodadh an t-ùghdarras dealbhaidh cead togalach clàraichte a dhiùltadh. Faodaidh tu foirm tagraidh cead togalach clàraichte fhaighinn bhon ùghdarras ionadail agad. Tha stiùireadh air a thoirt seachad san leabhran seo mun fhiosrachadh a dh'fheumas tu a thoirt seachad leis an tagradh agad.

Is e cron eucorach a th' ann togalach clàraichte a leagail, atharrachadh gu susbainteach no a leudachadh às aonais cead togalach clàraichte. Faodar càin suas gu £20,000 not no suas ri dà bhliadhna prìosain, no an dà chuid, a chur ort mar pheanas. Tha atharrachaidhean gun chead gu math tric a' tighinn am follais



nas anmoiche mar phàirt de dh'obair luchd-lagha nuair a tha an togalach ga reic.

## **Cead Dealbhaidh**

Chan eil cead dealbhaidh airson leasachadh ùr air làrach far a bheil togalach clàraichte a' toirt cead seachad airson leagail, atharrachadh no leudachadh a dhèanamh air an togalach clàraichte: feumaidh tu cead togalach clàraichte air leth fhaighinn airson na h-atharrachaidhean a tha a dhìth.

Ma tha thu airson atharrachadh no leudachadh a dhèanamh air togalach clàraichte ann an dòigh sam bith a bheireadh buaidh air a character agus ma tha an t-atharrachadh a tha thu a' moladh air a ghabhail a-steach ann an leasachadh far a bheil feum air cead dealbhaidh, feumaidh tu an dà chuid cead dealbhaidh agus cead togalach clàraichte.

Chan eil suim ri phàigheadh airson cead togalach clàraichte ach tha airson cead dealbhaidh. Mar as trice bidh na h-ùghdarrasan dealbhaidh a' cur air adhart tagraidhean airson cead dealbhaidh agus cead togalach clàraichte airson an aon leasachadh aig an aon àm. Bu chòir dhut bruidhinn ris an ùghdarras dealbhaidh mura bheil thu soilleir mun dòigh-obrach iomchaidh.

Tha an ùine a tha air a chur a-mach airson tagradh cead togalach clàraichte an-dràsta a tighinn a rèir an tràth de dh'ochd seachdainean a tha air a chur ma seach airson dèiligeadh ri tagradh dealbhaidh. Tha Alba Aosmhor a' dèiligeadh ri 97 sa chiad de chùisean ceadachd air taobh a-staigh 28 latha dhen tagradh fhaighinn bhon ùghdarras dealbhaidh a bhios air an tagradh a chur troimhe, a shanasachd agus a dhearbhadh.

## Saoradh bho Chead Togalach Clàraichte

Tha cuid de thogalaichean clàraichte nach eil a' tighinn a rèir nam modhan àbhaisteach airson cead togalach clàraichte. Chan eil togalaichean a tha fhathast air an cleachdadh mar àiteachan adhradh feumach air cead togalach clàraichte ach a-mhàin nuair a thathar gan leagail gu làr. Tha sgeama saor-thoileach ann airson smachd togalach clàraichte airson obair air taobh a-muigh àiteachan àdhraidh leis a' chuid as motha de chreideamhan. Tha atharrachaidhean

am broinn togalaichean clàraichte a tha air an cleachdadh airson adhradh an urra ris na creideamhan fa leth.



Faodaidh togalaichean clàraichte cuideachd a bhith air an clàradh le Ministearan na h-Alba mar charraighean-cuimhne le luach nàiseanta. Ma tha carragh-cuimhne an dà chuid air a chlàradh 's air a liostadh, chan fheumar ach Cead Carragh-Cuimhne Clàraichte iarraidh airson obair sam bith. Ach, 's dòcha gum bidh Cead Togalach Clàraichte a dhìth airson structaran sam bith air taobh a-muigh an raon chlàraichte. Bidh an t-ùghdarras ionadail agad comasach air comhairle a thoirt dhut. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas seo ri fhaighinn air làrach-lìn Alba Aosmhor agus an leabhran air Carraighean-cuimhne Clàraichte.

Tha smachdan dealbhaidh a' buntainn ri togalaichean eaglaiseil clàraichte agus ri carraighean-cuimhne clàraichte.

## **Dreuchd Ministearan na h-Alba**

### *Stiùireadh*

Feumaidh an t-ùghdarras dealbhadh fios a leigeil chu na Ministearan Albannach ma tha iad a' moladh cead togalach clàraichte a thoirt seachad airson:

- togalach clàraichte sam bith a leagail; no
- atharrachadh no leudachadh a dhèanamh ri togalach clàraichte ann an roinnean A no B.

Feumaidh an t-ùghdarras dealbhadh cuideachd làn fhiosrachaidh a thoirt seachad mun tagradh agus na h-adhbharan carson a tha iad a' moladh cead a thoirt seachad còmhla ri beachdan sam bith a chaidh a thogail riutha às dèidh sanasachd.

Tha Alba Aosmhor, ag obair às leth Ministearan na h-Alba, a'





beachdachadh co-dhiù a tha suidheachaidhean sònraichte ann a tha a' ciallachadh gum feum Ministearan na h-Alba co-dhùnadh a dhèanamh mun tagradh. Far a bheil Ministearan na h-Alba a' gairm a-steach tagradh, faodaidh iad a dhol air adhart le rannsachadh poblach ionadail, fianaisean claidhinn no sgrìobhte agus nì iad seo ma dh'iarras an tagraiche no an t-ùghdarras dealbhaidh a leithid. Ma cho-dhùmas

Ministearan na h-Alba gun an tagradh a ghairm a-steach, tha an t-ùghdarras dealbhaidh saor an cead a thoirt seachad.

### *Ath-thagraidhean*

Ma tha an t-ùghdarras dealbhaidh air an tagradh agad airson cead togalach clàraichte a dhiùltadh no ma tha an cead air a thoirt seachad le cùmhnantan na chois a tha thu dhen bheachd a tha mì-reusanta, faodaidh tu ath-thagraidh ri Ministearan na h-Alba. Feumar ath-thagraidhean a dhèanamh air foirm a gheibhear bho Roinn Ath-thagraidhean Dealbhaidh agus Àrainneachdail Riaghaltas na h-Alba, 4 An Lios, Pàirc Gnìomhachais Chalasraid, Eaglais Bhreac FK1 1XR, (fòn 01324 696400). Feumaidh làn fhiosrachaidh mu na h-obraichean a tha san amharc agus lethbhreac dhen chonaltradh buntainneach ris an ùghdarras dealbhaidh uile a bhith an cois an ath-thagraidh.

Thathar a' beachdachadh air a' chuid as motha de ath-thagraidhean air stèidh beachdan sgrìobhte bho bhuidhnean buntainneach agus rannsachadh làraich. Ach tha a' chòir agad fhèin agus an t-ùghdarras dealbhaidh iarraidh an tèid beachdachadh air an ath-thagradh aig rannsachadh poblach ionadail no aig èisteachd.

### *Smachd Èiginneach - Rabhaidhean Glèidhteachais Togalaich*

Faodaidh ùghdarrasan dealbhaidh rabhaidhean glèidhteachas togalaich a thoirt seachad airson togalaichean nach eil air an clàradh a dhìon, far a bheil iad dhen bheachd gu bheil ùidh shònraichte annta agus gu bheil iad ann an cunnart bho bhith air an leagail no a thaobh atharrachaidhean mòra.

Tha togalach a tha a' tighinn fo rabhadh glèidhteachais togalaich air a dhìon leis na h-aon solarachaidhean laghail ri togalach a tha air clàradh reachdail fhaighinn. Tha rabhadh glèidhidh a' maireachdain suas ri sia mìosan, agus san àm sin nì Ministearan na h-Alba co-dhùnadh co-dhiù a bu chòir an togalach a bhith air a chlàradh

### *A' clàradh togalaichean a tha rin leagail*

Ma gheibh thu cead togalach clàraichte a leagail feumaidh tu fios a thoirt seachad sa bhad do Choimisean Rìoghail nan Làraichean Àrsaidh is Eachdraidheil an-Alba (RCAHMS). Chan fhaod thu an togalach a leagail gus a bheil cothrom aig a' Choimisean Rìoghail a chùis a chur air a' chlàr. Faodaidh seo a bhith mar chumha dhen chead. Bheir an t-ùghdarras dealbhaidh foirm dhut airson a chur chun a' Choimisean Rìoghail.



Chan fhaod thu tòiseachadh air an togalach a leagail gu co-dhiù trì mìosan às dèidh a' cheann-latha a chaidh fios a chur chun a' Choimisean Rìoghail agus, tron ùine sin, feumaidh tu cothrom reusanta

a thoirt dhan Choimisean Rìoghail faighinn a-steach dhan togalach. Ma chuireas iad crìoch air an obair clàraidh dhen togalach taobh a-staigh na trì mìosan, no ma chuireas iad fiosrachadh thugad ann an sgrìobhadh ag ràdh nach eil iad airson a chlàradh, faodaidh tu an togalach a leagail sa bhad às dèidh sin.

Ged nach eil e mar dhleastanas ort, chuireadh an Coimisean Rìoghail fàilte air fiosrachadh mu atharrachaidhean mòra ri togalaichean clàraichte agus an cothrom na comharran tùsail a chlàradh mus tòisich an obair. 'S e an seòladh aca: RCAHMS, 16 Barraid Bernard, Dùn Èideann EH8 9NX, (fòn 0131 662 1456 no [info@rcahms.gov.uk](mailto:info@rcahms.gov.uk)).

## **Càraidhean**

Tha sealbhadairean thogalaichean clàraichte air am brosnachadh an togalach aca a chàradh agus a chumail suas, dìreach mar sealbhadairean thogalaichean sam bith eile. Tha clàradh a' tairgsinn cothrom air beairteas de chomhairle agus eòlas air cùisean

glèidhteachais bho Alba Aosmhor agus an t-ùghdarras dealbhaidh ionadail.



Chan eil an reachdas a' cur uallach shònraichte air sealbhadair an togalach aca a chàradh no a chumail suas. Ach, ma dh'fhàilligeas air sealbhadair togalach clàraichte a chumail ann an staid reusanta, faodaidh an t-ùghdarras dealbhaidh Rabhadh Càraidh a thoirt seachad. Ma dh'fhàilligeas air sealbhadair gèilleadh ris an

rabhadh seo, 's dòcha gum bidh an t-ùghdarras dealbhaidh, le cead nam Ministearan Albannach, airidh air a cheannach le ceannachd èiginneil.

Ma tha sealbhadair a dh'aona ghnothaich a' leigeil an togalach bhuaithe airson 's gum faodar a leagail agus an làrach a leasachadh, faodaidh an t-ùghdarras dealbhaidh an togalach a cheannach aig prìs às aonais luach an fhearainn airson ath-leasachadh.

Tha ùghdarrasan dealbhaidh air chomas obraichean èiginneil a ghabhail os làimh airson togalach clàraichte falamh a dhìon (no pàirtean de thogalach clàraichte còmhnachichte far nach eil luchd-còmhnaidh), fhad 's a tha rabhadh seachd latha air a thoirt dhan t-sealbhadair. Faodar na cosgaisean airson na h-obraichean èiginneach seo iarraidh air ais bhon t-sealbhadair.



## **Stiùireadh air Tagraidhean Togalach Clàraichte**

Feumaidh dealbhan cuimseach a bhith an cois tagraidhean airson cead togalach clàraichte (CTC) airson am pròiseas a dhèanamh cho luath 's cho èifeachdach sa ghabhas.

### **Dealbhan CTC agus Fiosrachadh Taice**

Faodaidh dàilean tachairt far nach eil dealbhan molaidh soilleir no gann den fhiosrachadh a dh'fheumar airson tomhas a dhèanamh air buaidh nan atharrachaidhean air caractar togalach.

Bu chòir roinnean dealbhaidh a bhith cinnteach gu bheil na molaidhean air an riochdachadh gu cuimseach agus soilleir gu leòr airson an cuid buaidh air an togalach no an làrach a dhearbhadh, ach cuideachd airson dèanamh cinnteach gun gabh smachd iomchaidh a chumail air an inbhe obrach nuair a thòisicheas am pròiseact.

Bu chòir dhut am fiosrachadh a leanas a thoirt seachad còmhla ris an tagradh CTC agad:

- plana làraich agus an ceangal eadar an togalach (aichean) agus rathaidean no comharran tìre susbainteach
- dealbhan dhen togalach (no an sgìre air a bheil e a' toirt buaidh) mar a tha e
- dealbhan dheth na h-atharrachaidhean a tha san amharc aig ìre 1:50 aig a' char as lugha no nas motha far a bheil e iomchaidh (faic gu h-ìseal)
- sònrachaidhean fiosrachail a' toirt a-steach, mar eisimpleir, meudachdan, coltasan crìochnaichte no eisimpleirean dath, a dh'fhaodar a thoirt seachad ann an riochan còdaichean no notaichean mionaideach, le eisimpleirean 's dòcha nan cois
- dealbhan suas chun an uair nam measg, ma tha iad rim faotainn, dealbhan às an adhar
- bu chòir tagraidhean airson leagail staid structarail an togalaich a shealltainn agus 's dòcha gun tèid iarraidh ort fianais a thoirt seachd dhen reic air a' mhargaidh fhosgailte aig prìs a tha mar chomharra air staid an togalaich

## **Dealbhan CTC: Scèile**

Feumaidh dealbhan a bhith air an tarraing a rèir scèile aithnichte far nach urrainnear mì-riochdachadh a dhèanamh air fiosrachadh cudromach le luchd-tagraidh no na cùnnradairan

aca. Mar as trice 's e 1:50 an scèile as lugha ris an gabhar airson planaichean agus àrdachaidhean a tha a' sealltainn atharrachaidhean leithid fosglaidhean ùra ann am ballachan a-staigh no muigh.





Cha bu chòir scèile 1:100 agus 1:200 a chleachdadh ach a-mhàin far a bheil togalach no atharrachadh ris uabhasach mòr.

'S dòcha gum feumar dealbhan nas mionaidiche a thoirt seachad còmhla ris na planaichean agus na h-àrdachaidhean. Far a bheil uinneagan agus dorsan ùra gan cur a-steach, mar as trice feumar dealbhan a thairgsinn a' sealltainn cò ris a tha iad coltach aig scèile 1:10, còmhla ri dealbhan aig 1:5 no fiù 's 1:1 far a bheil meudan agus coltas nan roinnean fiodha cudromach a thaobh a' choltas crìochnaichte.

Ged a tha cumaidhean agus meudan roinneil cumanta gu leòr airson uinneagan eachdraidheil, tha sgilean air a dhol bhuaithe gu ìre far a bheil e ainneamh a bhith air chomas earbsa a chur ann an sgilean obrach traidiseanta. Mar sin feumar làn fhiosrachaidh mun obair gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh iomchaidh air a chumail ri cùnnradairean, an dà chuid ann a bhith a' prìseadh agus a' dèanamh nan obraichean, agus nach eil gu leòr dhe na stuthan neo-thraidiseanta a th' air a' mhargaidh an-dràsta air an cleachdadh far am faodadh iad dèanamh agus caractar an togalaich a mhilleadh.

## **Barantas Togalaich agus CTC**

Cha bu chòir smaointinn gu bheil an roinn dealbhaidh air gabhail ri atharrachaidhean a tha a dhìth airson barantas togalaich nach eil air an sealltainn air na dealbhan ceadachd airson togalach clàraichte.

Bu chòir dhut beachdachadh, cho tràth sa ghabhas, co-dhiù a tha atharrachaidhean sam bith a tha san amharc buailteach a bhith feumach air tuilleadh atharrachaidhean airson coinneachadh ri

riaghailtean togail. Bhiodh seo a' toirt a-steach fionnarachadh fosglaidhean structarail, seòmraichean, plumaireachd, agus goireasan, a' toirt a-steach fosglaidhean sgliait, fosglaidhean struthaidh air uinneagan, terminalan agus drìbhlich no grìosaichean. Faodaidh gin sam bith dhiubh seo droch bhuaidh mhothachail a thoirt air caractar togalach clàraichte agus bu chòir an sealltainn air dealbhan CTC.

## **Tagradair/Ailtire**

Molaidh a' chuid as motha de dh'ùghdarrasan planaidh gum bu chòir do shealbhadairean thogalaichean clàraichte tagradair fhastadh (leithid ailtire no neach-measaidh togalaich) le eòlas iomchaidh a thaobh togalaichean eachdraidheil airson comhairle a thoirt dhaibh air a' phròiseas ceadachd agus an ìre fiosrachaidh a tha a dhìth. Is e fastadh tagradair an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach nach èirich dàilean bho mholaidhean neo-ìomchaidh, droch thagraidhean, no còmhstrithean eadar iarrtasan smachd dealbhaidh agus togail.

## **Tabhartasan**

Faodaidh Alba Aosmhor agus ùghdarrasan ionadail tabhartasan a thoirt do shealbhadairean thogalaichean clàraichte gus cuideachadh le càraidhean agus obair cumail suas.

Tha am *Prògram Thabhartasan Àrainneachd Eachdraidheil* air a dhealbh airson coinneachadh ri feumalachdan glèidhteachais nan eileamaidean as cudromaiche dhen àrainneachd eachdraidheil agus gus coinneachadh ris na cosgaisean a bharrachd is àbhaist a bhith ceangailte ri bhith a' cleachdadh stuthan traidiseanta agus sgilean làimhe agus an càradh agus glèidheadh nan comharran tùsail.

## **Sgeama Thabhartasan Càradh Togalaich**

Tha an sgeama seo a' dèiligeadh ri tabhartasan airson càradh agus glèidhteachas togalaichean clàraichte. Tha farpais chruaidh ann airson tabhartasan agus tha gach tagradh air a mheasadh an aghaidh roghainn de shlatan-tomhais, nam measg luach an togalaich, nàdar agus deatamachd na h-obrach a tha san amharc, cuitheasachd ionmhasail a' phròiseict agus am feum airson taic bhon sporran phoblach.

Is e pròiseas farpaiseach a th' ann am measadh thagraidhean a tha cuideachd a' gabhail beachd de bhuanachdan farsaing sam bith a thairgeas am pròiseact. Nam measg seo tha pròiseactan a tha a' toirt buannachdan gu coimhearsnachdan agus an fheadhainn a tha a' brosnachadh càileachd agus a' leasachadh eòlas agus sgilean.

Faodar tagraidhean a dhèanamh tron bhliadhna ach thathar a' meòmhrachadh orra trì tursan sa bhliadhna le cinn-latha dùnaidh air 31 Faoilleach, 31 Cèitean agus 30 Sultain.



### **Tabhartasan Càraidh airson Àiteachan Adhraidh**

Tha an sgeama seo air a ruith ann an com-pàirteachas ri Stòras a' Chrannchar Nàiseanta (SCN). Tha e a' tairgsinn taic-tabhartais airson càraidhean èiginneach ri Àiteachan Adhraidh Clàraichte.

Tha tagraidhean air am measadh ann an dòigh coltach ri tabhartasan càraidh togalaich. Far a bheil taic cuideachd air a lorg bhon SCN, feumar coinneachadh ri slatan-tomhais a bharrachd.

Tha tagraidhean air am fiathachadh tron bhliadhna ach 's e na cinn-latha airson beachdachaidhean 28 Gearran agus 31 Lùnastal. Sa chiad dol a-mach tha a h-uile tagradh air an cur a-steach gu SCN.

### **Stòras Ath-leasachaidh Sgìre Glèidhteachais**

Tha an Stòras seo air a chleachdadh airson taic a chumail ri iomairtean glèidhteachais stèidhichte ann an sgìre. Faodaidh iad seo tighinn ann an riochd Sgeama Ath-leasachaidh Sgìre Glèidhteachais no taic a bharrachd airson Iomairt Dualchas Bailteil air a mhaoineachadh le Stòras a' Chrannchar Nàiseanta.

Faodar tuilleadh fiosrachaidh mu na sgeamaichean tabhartais gu h-àrd agus na pasgain tagraidh fhaighinn bho Sgioba Thabhartasan Àrainneachd Eachdraidheil Alba Aosmhor: Fòn: 0131 668 8801: Facs: 0131 668 8788: Post-d [hs.grants@scotland.gov.uk](mailto:hs.grants@scotland.gov.uk) or at [www.historic-scotland.gov.uk/grants](http://www.historic-scotland.gov.uk/grants)

### **Tabhartasan agus iasadan a tha rim faotainn bho ùghdarrasan ionadail**

Faodaidh ùghdarrasan ionadail tabhartasan a thoirt seachad gus taic a chur ri càradh thogalaichean eachdraidheil agus togalaichean ann an sgìrean glèidhteachais. Chan eil na tabhartasan seo cuingealaichte ri togalaichean clàraichte ach feumaidh ùidh ailtireil no eachdraidheil a bhith anna.

Faodaidh ùghdarrasan ionadail cuideachd tabhartasan a thoirt seachad airson leasachaidhean agus càraidhean ri togalaichean dachaigh no airson a bhith a' leasachadh togalaichean airson cleachdadh còmhnaidh.

Bidh an t-ùghdarras ionadail agad air chothrom comhairle a thoirt dhut air mar a gheibh thu na tabhartasan seo.

## **Togalaichean Eachdraidheil ann an Cunnart**

Tha Urras Chatharra na h-Alba, le maoineachadh bho Alba Aosmhor, air clàr a dhèanamh agus a' rianachd liosta de thogalaichean clàraichte a tha falamh no air an leigeil seachad, no mu bheil beagan de theagamh san àm ri teachd, agus a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson an ath-leasachadh.

Airson fiosrachadh mu na tha air a' chlàr, no airson fiosrachadh a thoirt seachad mu thogalach a tha ann an cunnart, cuir fios gu Urras Chatharra na h-Alba, (fòn 0141 221 1466), Taigh a' Mharsanta Tombaca, 42 Sraid a' Mhùileir, Glaschu G1 1DT, [www.scottishcivictrust.org.uk/](http://www.scottishcivictrust.org.uk/).

Tha an Clàr Thogalaichean ann an Cunnart na aon dòigh air togalach a chur air a' mhargaid ri luchd-ceannach aig prìs a tha mar chomharra air a staid agus tha e ri fhaighinn air-loidhne aig [www.buildingsatrisk.org.uk](http://www.buildingsatrisk.org.uk).

## **Sgìrean Glèidhteachais**

Feumaidh ùghdarrasan dealbhaidh co-dhùnadh co na pàirtean dhe na sgìrean aca a tha air am meas mar 'sgìrean le ùidh shònraichte ailtireil no eachdraidheil far a bheil miann ann an gleidheadh no an leasachadh' agus an ainmeachadh mar sgìrean glèidhteachais. Tha còrr is 600 sgìre glèidhteachais ann an Alba.

Faodaidh pàirt chudromach a bhith aig sgìrean glèidhteachais a thaobh ath-leasachadh eaconamach agus coimhearsnachd, agus leasachadh àrainneachdail. Tha ainmeachadh sgìre glèidhteachais air a dhealbh gus dìon agus leasachadh a dhèanamh air faireachdainn àite, caractar agus coltas cuid dhe na togalaichean eachdraidheil as luachmhor ann an Alba.

Tha togalaichean le caractar, arceòlas follaiseach, craobhan, pàtrain sràide eachdraidheil, raointean fosgailte, pàircean poblach agus gàraidhean agus cumaidhean-tìre dealbhte uile a' cur ri cudthromachd nan sgìrean sin. Faodaidh an dòigh sa bheil na sgìrean air an cur a-mach a bhith a cheart cho cudromach ris na togalaichean fa leth a thaobh caractar sgìre.



Feumaidh ùghdarrasan dealbhaidh agus na Ministearan Albannach suim a ghabhail de charactar agus coltas nan sgìrean seo nuair a tha iad a' beachdachadh air dealbhadh agus smachd togalach clàraichte. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn ann an *Stiùireadh airson Sgìrean Glèidhteachais ann an Alba* a dh'fhaodar a tharraing a-nuas bho làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, [www.scotland.gov.uk/publications](http://www.scotland.gov.uk/publications).

Chan fhaodar togalaichean neo-chlàraichte ann an sgìrean glèidhteachais a leagail nas lugha na tha cead sgìre glèidhteachais (coltach ri cead togalach clàraichte airson leagail togalach clàraichte) air fhaighinn an toiseach.

Faodaidh ùghdarrasan dealbhaidh cur a-steach airson smachdan a bharrachd ann an sgìrean glèidhteachais le bhith a' dèanamh rud ris an canar 'Stiùireadh Artaigil 4' a tha ag iarraidh air sealbhadair cead dealbhaidh fhaighinn airson cuid de leasachaidhean a dh'fhaodadh aig amannan eile a bhith air a cheadachadh airson leasachadh.

Dh'fhaodadh stiùiridhean buaidh a thoirt, mar eisimpleir, air atharrachaidhean ri geataichean, ballachan agus feansaichean; togail gharaidsean, seadaichean, poirdseachan agus tancaichean stòraidh; uinneagan; agus fiù 's obair-peantaidh air an taobh a-muigh.

**Tha e cudromach bruidhinn ris an ùghdarras dealbhaidh agad gus faicinn a bheil smachdan sònraichte a' toirt buaidh san sgìre agadsa mus dèan thu obair sam bith.**

Feumaidh an t-ùghdarras ionadail sanasachd a dhèanamh air tagradh sam bith airson cead dealbhaidh a tha airson leasachadh a dhèanamh ann an sgìre glèidhteachais a bheireadh, ann am beachd an ùghdarras dealbhaidh, buaidh air caractar na sgìre. Feumar suim a ghabhail de bheachdan sam bith bhon phoball mus dèan an t-ùghdarras dealbhaidh co-dhùnadh air an tagradh. Feumar cead sgìre glèidhteachais fhaighinn an toiseach airson leithid de leasachadh.

Tha tabhartasan rim faotainn airson brosnachadh, gleidheadh no leasachadh caractar no coltas sgìrean glèidhteachais. Bu chòir ceistean mu faotainneachd nan tabhartasan seo a dhèanamh sa chiad àite ris an ùghdarras dealbhaidh agad. 'S dòcha gum biodh tu cuideachd airson faighneachd dhan ùghdarras ionadail agad co-dhiù a tha 'sgeama baile' air obrachadh ann an sgìre glèidhteachais sònraichte.

## **A' gabhail Cùram dhen Togalach agad**

Tha a h-uile togalach a' fàs nas sìne air sàilleabh buaidh na sìde agus tha iad feumach air an cumail suas airson an cumail ann an deagh òrdugh. Nì sgrùdadh agus obair càraidh cunbhalach cinnteach

nach fhàs laigsichean beaga gu bhith nan trioblaidean mòra, cosgail. Faodaidh e a bhith duilich cuideachd stuthan iomchaidh a lorg airson obair càraidh mhòr a dhèanamh ri togalaichean eachdraidheil; mar sin tha e a' dèanamh ciall coimhead às dèidh an togalaich mar a tha e. Ma thèid am fàgail gun chàradh faodaidh laigsichean air an taobh a-muigh cron a dhèanamh am broinn an togalaich cuideachd.

Anns a' chuid as motha de chùisean chan eil deagh bhanas-taighe mar seo a' ciallachadh ach cuairt chunbhalach a ghabhail timcheall an togalaich, a' toirt fa near atharrachadh sam bith bho na sgrùdaidhean roimhe. Bu chòir sùil a thoirt air mullaichean, guitearan, simileirean agus comharran àrda bho shealladh amharc freagarrach. Faodar sgrùdadh a dhèanamh air ballachan, uinneagan agus dorsan, pìoban uisge, pìoban cur thairis agus drèanadh uachdrach a dhèanamh aig ìre talmhainn ach a-mhàin air structaran nas motha. Mar an ceudna, bu chòir sgrùdadh de lobhtaichean agus fon sgrath (ma gheibhear thuca), agus plèastradh san leth a-staigh, uinneagan agus sgiortachadh comharra tràth a thoirt seachad air uisge a' faighinn a-steach dhan togalach agus ag adhbhrachadh crìonadh, agus a' piobrachadh rannsachadh nas mionaidiche far a bheil feum.

Tha na suidheachaidhean a leanas an luib cuid dhe na comharran far am faodadh laigsichean èirigh.

### **A-muigh:**

- Bristeadh san t-sreathadh sgliat àbhaisteach agus sgliatan fuasgailte, air chall no sgliatan briste a dh'fhaodadh uisge a leigeil a-steach don fhiodh aig a' mhullach.
- Ceapan droma a dh'fhaodadh a bhith a dhìth, air am milleadh

leis a' ghaoith no air gluasad, splangaidhean luadha agus lìnigidhean guiteir a dh'fhaodadh uisge a leigeil a-steach don fhiodh aig a' mhullach.



- Guitearan briste no aodionach agus pìoban uisge, no iadsan a th' air an tacadh le lusan, a bhrosnaicheas drùdhadh a-steach dhan togalach far am faod am fiodh a bhith buailteach crìonadh.
- Faodaidh atharrachaidhean ris an uachdar no coltas cloiche no obair-breige; aol-tàthaidh a tha a dhìth no a' pronnadh; agus plèastradh briste no sgàinte a bhith na chomharra air crìonadh agus faodaidh e uisge a leigeil a-steach dhan togalach.
- Tha builgeanan agus sgàineadh, no uachdar pùdarach, a' dearbhadh crìonadh sa pheant air uinneagan, dorsan, fascias msaa agus faodaidh iad crìonadh adhbhrachadh ann am fiodh.
- Tha sgoltaidhean, spongachd agus ìrean àrda uisge ann an uinneagan fiodha, sòil, dorsan agus starsaichean, nan comharra air grodadh fiodh.
- Ma tha bobhtaidh air fuasgladh no air tuiteam a-mach bho uinneagan traidiseanta fiodh nì sinn crìonadh air na h-earrannan fiodha.
- Ma tha aol-tàthaidh a dhìth no air tuiteam air falbh timcheall uinneagan agus dorsan leigidh sin uisge a-steach dha na frèamaichean fiodha.

## **A-staigh:**

- Tha faileadh grod no fuaraidh; lionsgaradh spotan dubha no paidseachan dampachd air ballachan agus mullaichean; sgàinidhean, lubadh no spongachd ann am fiodh leithid sgiortachadh, còmhlaidhean uinneig no clàir-ùrlair nan comharra gu bheil uisge air faighinn a-steach no gu bheil tiughachadh ann a dh'fhaodas crìonadh a thoirt air an fhiodh.
- Brosnaichidh aodionachd bhon t-seirbheis uisge agus pìoban salachar-uisge, gu sònraichte ann an àiteachan falaichte, crìonadh fiodh.
- Faodaidh trioblaidean cunbhalach le uidheamachdan dealanach agus teasachaidh a bhith nan comharra air fàilligidhean ionadail agus faodaidh iad a bhith nan cunnart teine.

## **Timcheall an togalaich:**

- Thig meirgeadh air rèilichean agus geataichean iarainn gu ceann le crìonadh agus bidh feum air obair chosgail deasachaidh agus càraidh mus tèid am peantadh a-rithist. Far a bheil meatailt air a shuidheachadh ann an clach, fosglaidhean geata agus steapaichean, nì meirgeadh sgàineadh air an obair cloiche.
- Faodaidh starain le leacan cloiche fàs cunnartach mura bheil iad air an cumail suas.

Cuiridh sgrùdadh agus cumail sùil chunbhalach, a' dèiligeadh ri trioblaidean aig ìre thràth agus cumail suas chunbhalach, ri beatha an togalaich aig cosgais nas ìsle.

Faodaidh an sealbhadair fhèin ceumannan sìmplidh mar a leanas a ghabhail: toirt air falbh lusan bho pìoban uisge a th' air an

stopadh; a' toirt duilleagan agus sneachda a-mach à guitearan, sluic agus mullaichean còmhnard (far a bheil e sàbhailte faighinn thuca), agus toirt air falbh gu cùramach fàs phlantraisean bho bhallachan, clachan agus sgìrean leacach.

Feumaidh obar càraidh agus cumail suas eile a bhith air a ghabhail os làimh le luchd-ciùird le eòlas agus sgilean iomchaidh, agus mar as trice tha buannachd ri fhaighinn bho bhith air a sgrùdadh le proifeiseantach iomchaidh a dh'fhaodas smachd cosgais nas fheàrr agus inbhe obrach nas àirde a chur an cèill, le buadhan a mhaireas nas fhaide.

## **Buidheann Glèidhteachais Teicnigeach**

Tha an sgioba de dh'eòlaichean glèidhteachais ann am Buidheann Glèidhteachais Teicnigeach Alba Aosmhor ag amas air stiùireadh air prìomh chuspairean glèidhteachais a thoirt seachad don ghnìomhachas togail, proifeiseantaich togail, luchd-foghlaim agus sealbhadairean-dachaigh.

Faodaidh a' Bhuidheann comhairle agus fiosrachadh a chumail ri sealbhadairean agus luchd-còmhnaidh mu dheidhinn cùram thogalaichean eachdraidheil ann an Alba a thuilleadh air a bhith a' tairgsinn foillseachaidhean glèidhteachais dhan phoball agus proifeiseantaich. Tha sinn a' leasachadh bunait eòlais mu dheidhinn dòighean togail, stuthan agus eòlas teicnigeach nach eil ri fhaighinn ach ann an Alba.

Cur fios gu:

Fòn: 0131 668 8600

Post-d: [hs.technicalconservationgroup@scotland.gsi.gov.uk](mailto:hs.technicalconservationgroup@scotland.gsi.gov.uk).

Làrach-lìn: [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk)

## **Gearanan Rianachd**

Tha Ombudsam Sheirbheisean Poblach na h-Alba a tairgsinn dòigh shìmplidh agus èifeachdach far am faod buill dhen phoball gearanan a dhèanamh mu dheidhinn mì-rianachd agus libhrigeadh seirbheis ag èirigh bho ghnìomhan nan ùghdarrasan poblach ann an Alba.

Faodaidh an neach nach eil riarichte gearain a dhèanamh (no an riochdaire aca, nam measg am BPA no an comhairliche ionadail aca) air taobh a-staigh 12 mìos bhon latha às dèidh don neach gearan rabhadh fhaighinn mun chùis gearain. Faodar fios a chur chun an Ombudsman aig an t-seòladh a leanas:

**Ombudsman Sheirbheisean Poblach na h-Alba**

**Saor-phost EH641**

**Dùn Èideann, EH3 0BR**

**[enquiries@scottishombudsman.org.uk](mailto:enquiries@scottishombudsman.org.uk)**

## **Fiosrachadh a Bharrachd**

### **Liosta de reachdan**

Is iad na prìomh Achdan Pàrlamaid a' buntainn ri togalaichean clàraichte agus sgìrean glèidhteachais ann an Alba:

Achd nan Togalaichean Eachdraidheil agus Carraighean-cuimhne Àrsaidh 1953

Achd nan Goireasan Catharra 1967

Achd Dealbhaidh Baile agus Dùthcha (Alba) 1997

Achd Dealbhaidh (Togalaichean Clàraichte agus Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997

Achd nan Carraighean-cuimhne Àrsaidh agus Sgìrean Arc-eòlaidheachd 1979

Achd an Dealbhaidh msaa (Alba) 2006

## **Foillseachaidhean Feumail agus Goireasan Air-loidhne**

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn togalaichean clàraichte agus traidiseanta agus an cuid càraidh ri fhaotainn bho làrach-lìn Alba Aosmhor, [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk), agus anns na foillseachaidhean no na sgrìobhainnean air-loidhne a leanas:

*Scottish Historic Environment Policy (October 2008)* aig [www.historic-scotland.gov.uk/shep.pdf](http://www.historic-scotland.gov.uk/shep.pdf) (AN ASGAIDH)

*Scottish Planning Policy 23: Planning and the Historic Environment*, aig [www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/212404/0056512.pdf](http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/212404/0056512.pdf) (AN ASGAIDH)

*Passed to the Future: Historic Scotland's policy for the sustainable management of the Historic Environment*, ri fhaotainn bho Alba Aosmhor. (AN ASGAIDH)

*Scheduled Monuments. A Guide for Owners, Occupiers and Managers.* (AN ASGAIDH)

*A Guide to Conservation Areas in Scotland* (AN ASGAIDH) agus *Planning Advice Note 71, Conservation Area Management* rim faotainn bho Riaghaltas na h-Alba. Tha am PAN cuideachd ri fhaotainn aig [www.scotland.gov.uk/Publications/2004/12/20450/49054](http://www.scotland.gov.uk/Publications/2004/12/20450/49054).

*A Selection of the Loch Lomond and Trossach's National Park's Architectural Heritage* and *A Selection of the Cairngorms National Park's Architectural Heritage* ri fhaighinn aig [www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/historicandlistedbuildings/loch-lomond-and-cairngorms-national-parks.htm](http://www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/historicandlistedbuildings/loch-lomond-and-cairngorms-national-parks.htm)

*The Dictionary of Scottish Architects* - stòras luachmhor a tha ri fhaotainn air an eadar-lìon airson duine sam bith aig a bheil ùidh anns an àrainneachd thogte agus an fheadhainn a chruthaich i. Tha e air a stiùireadh agus air a leasachadh le Alba Aosmhor agus faodar sùil a thoirt air saor san asgaidh agus gun bhacadh aig [www.scottisharchitects.org.uk](http://www.scottisharchitects.org.uk).

Tha foillseachaidhean stiùiridh air roghainn de chuspairean teicnigeach air an riochdachadh le Buidheann Glèidhteachais Teicnigeach Alba Aosmhor, rim faotainn bhon Roinn Foillseachaidh aig Taigh Longmore, Ionad Salisbury, Dùn Èideann EH9 1SH, Fòn: +44 (0)131 668 8638 no rin ceannach air-loidhne aig [www.historic-scotland.gov.uk/publications](http://www.historic-scotland.gov.uk/publications). Tha catalog dhe na foillseachaidhean seo rim faotainn. Tha roghainn ann eadar stiùiridhean teicnigeach airson luchd-cleachdaidh ann am prìomh raointean gu Stiùiridhean Fiosrachaidh a' tairgsinn geàrr-chunntas dhe na puingeann riatanach airson a' phoball san fharsaingeachd.

Faodar tuilleadh fiosrachaidh mu ghàraidhean agus chumaidhean-tìre dealbhte fhaighinn aig làrach-lìn Alba Aosmhor [www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/gardens.htm](http://www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/gardens.htm)

Faodar tuilleadh fiosrachaidh mu fhaotainneachd taic ionmhasail airson càradh agus leasachadh thogalaichean eachdraidheil fhaighinn air làrach-lìn Maoinean airson Togalaichean Eachdraidheil aig [www.ffhb.org.uk](http://www.ffhb.org.uk).

## BEAG-FHACLAIR

Mìneachadh goirid air cuid dhe na prìomh abairtean a tha air an cleachdadh ann an dealbh-chunntasan liosta:

<b>Adamesque</b>	A' leantail prionnsabalan dealbh no comharran a bh' air an cleachdadh leis an teaghlach ailtirean clasaigeach bhon 18mh linn, Uilleam, Iain, Seumas agus Raibeart Adam
<b>Adhaircean</b>	Cumaidhean adhairceach bheaga ann an uinneagan bho na rèilichean coinneachaidh aig cliathaichean frèam uinneag bhannach
<b>Àilear</b>	Fasgadh fosgailte no gailearaidh timcheall togalach le mullach crom air a ghiùlain air casan fiodha no iarainn
<b>Arris</b>	Oir gheur far a bheil dà uachdar a' coinneachadh
<b>Astragal</b>	Crann fiodh gloineach air a chleachdadh gus taic a chumail ris na lòsain ghlainne ann an uinneag
<b>Àth</b>	Ann am muileann, sabhail àthaidh no togalach bracha, a' phàirt sin dhen togalach a tha air a chleachdadh airson gràn a thiorramachadh, air a chomharrachadh le fùirneis, pìob-tharraing a' dol suas gu làr meatailt agus deatachan sa mhullach
<b>Bagh</b>	Co-thaobhadh dìreach air prìomh phàirtean ann am balla leithid dorsan no uinneagan a dh'fhaodas cuideachd a bhith nochdte no pìos a-steach sa bhalla
<b>Bannach</b>	Ann an uinneagan, solas air a chrochadh le bann air an taobh
<b>Barrabhailc</b>	Am pìos as àirde dhen mhòr-structar clasaigeach; leis fhèin air a chleachdadh mar chomharra crùnaidh air ballachan a-muigh, no mar chrìoch airson làr lobhtaidh; no aig ceann uinneagan, os cionn bhùithtean msaa; agus a-staigh far a bheil ballachan agus mullaichean a' coinneachadh

<b>Batar</b>	An t-aomadh a-steach air balla muigh, mar as trice aig a' bhun, le tighead a' bhalla a' lùghdachadh mean air mhean
<b>Beton brut</b>	Cruadhtan amh air fhàgail san staid nàdarra às dèidh dha na còmhlaichean a bhith air an toirt às, cuideachd air aithneachadh mar cruadhtan bòrd-chomharraichte
<b>Bonn sgiutha</b>	Bonn sgiutha no stuagh casan-feannaig a tha a' tighinn a-mach bho cheann-balla, mar as trice ann an cavetto
<b>Bràistinn</b>	Clachaireachd, obair-cloiche a tha air obrachadh ri uachdar sgrìobte a' dol tarsainn no air fhiaradh; mar as trice air clach-shreathail le beàrn aig an oir
<b>Brataiseadh</b>	Ann am mullaichean, an cìreanachadh òirnealta de chrùnadh mullach praiseach no iarann, ach cuideachd air fhaighinn uaireannan air barrabhailcean agus comharran òirnealta eile
<b>Brutalist</b>	Stoidhle ailtireil a' nochd anns na 1950an agus 1960an le cruadhtan nochdte agus a' cur cuideam air riochdan structarra dàna
<b>Bùird-oire</b>	Bùird air an cur aig aomadh ceann togalaich airson ceann nam maidean mullaich fhalach, gu math tric air an sgeadachadh
<b>Bunnacha-bac</b>	A' crochadh far oir mullaich
<b>Bunait</b>	Am molltair as ìsle ann an structair sam bith
<b>Calcadh Sirist</b>	Leasachadh ri lùban cloiche far a bheil clachan beagan air an cur a-steach dhan aol-tàthaidh
<b>Casan feannaig</b>	Sreathachadh ceumnach aig mullach ceann an taighe a' dol suas chun an t-similear no ceann nan stuagh
<b>Chamfar</b>	Aghaidh uabhasach cumhang air a chruthachadh nuair a tha arris air a ghearradh air an oisean, mar as trice 45 ach uaireannan falamh (ie co-chòsach) no ovo

**Clachan-oisein**

Clachan nas motha na an fheadhainn a tha ann am balla, no air an cumadh nas fheàrr, air an cleachdadh airson oiseanan bhallachan, no fosglaidhean dhorsan no uinneagan: ma tha iad a seasamh a-mach bhon bhalla tha iad air am mìneachadh mar togte, le feadhainn le oiseanan chamfaraichte air an ainmeachadh mar dùthchasach

**Clach-dhìona**

Clach dhìona a' tighinn a-mach seachad air a' mhullach aig bun an t-simileir, air a chleachdadh bho thùs os cionn tughadh

**Clach shreathail**

Blocaichean mòra cloiche ann an cùrsaichean cunbhalach air an obrachadh ri aghaidhean cothromach agus oirean air an sgueradhadh gu cùramach: 's e clach shreathail a theirear ris na clach fhèin agus faodaidh dreach crìochnaichte a bhith orra

**Clobhsa**

Slighe gu grunn thaighean no togalaichean; rim faighinn ann am bailtean mar as trice ach chan ann a-mhàin airson coiseachd daonnan, air fearann air a chleachdadh airson slighe carbad

**Colbh**

Structar dìreach, mar as trice cruinn ann an earrannan

**Comharrachadh**

Pàtran de dh'obair cloiche, tolltach ann an uinneag Gothic no trath san Linn Ath-bheòthachaidh; ann an togalaichean Linn Seòrasach no às a dhèidh air an dèanamh 's dòcha à fiodh no 's dòcha fiù 's mar phàirt de dh'uinneag bhannach

**Còmhdach Fhliuch**

Seòrsa de gharbh-chòmhdach far a bheil mollagan beaga dhen aon mheud air an gabhail a-steach dhan mheasgachadh

**Còta-crìochnachaidh**

Còta mìn saimeant air clachaireachd

**Crùnadh**

An crùnadh air colbh, colbh bheag no peilastar, mar as trice air a chumadh no air a snaidheadh

**Currac-molltair**

Molltair a' tighinn a-mach seachad air stuagh no àrd-dhoras air a dhealbh airson uisge a thigheil dheth

<b>Cùrsa Bacaidh</b>	Cùrsa plèan a' dèanamh pàirt de bharrabhalla ìseal fo bharrabhailc a tha mar as trice a' falach guitear
<b>Cùrsa Bannach</b>	Bann clachaireachd a tha a' dol timcheall togalach uile no ann am pàirt mar as trice às aonais molltair
<b>Cùrsa Dentil</b>	Pàirt dhen bharrabhailc fon phrìomh phàirt nochdte air a dhèanamh le blocaichean le beàrnan beaga eatorra mar fiaclan
<b>Cùrsa Sreang</b>	Molltair eu-domhain tarsainn aghaidh togalaich gu lèir a dh'fhaodas a bhith air a mhìneachadh leis an t-suidheachadh aige m.e. cùrsa sòil no cùrsa mullach colbh no stuagh
<b>Dado</b>	Am pàirt ìseal de bhalla air an taobh a-staigh os cionn an làir no am bòrd sgiortaidh agus fon an dado no rèile cathair, uaireannan air a dhèanamh le plèastar ach gu math tric le pannalan fiodha
<b>Dùthchasachadh</b>	Càradh clachaireachd far a bheil na ceangalaichean air tuiteam, mar as trice ann am V (dùthchasachadh chamfaraichte) ach uaireannan ceàrnach; faodar roghainn de chàraidhean sgeadaichte a dhèanamh orra m.e. le pannalan cloiche, colbhach no tuaichealach, no reòdhte ann an blocaichean mar gum biodh iad air an còmhdach le bioran-deighe
<b>Each-mhuillean</b>	Togalach chruinn no ioma-cheàrnagach air a thogail airson uidheamachd air a stiùireadh le eich (einnseann each), mar as trice airson muileann buailidh
<b>Ealain agus làimh-chiùird</b>	Stoidhle dealbh a' sònrachadh air làimh-chiùird, càileachd stuth, cleachdadh stuth ionadail, gu math tric ag ath-bheòthachadh riochdan dùthchasach agus traidiseanta
<b>Fleche</b>	Snìomhan de fhiodh agus luaidh ag èirigh bho dhruim an taighe seach a tùr

<b>Foillsich</b>	Taobh a-staigh doras no uinneag a' fosgladh eadar oir a' bhalla a-muigh agus an uinneag no frèam dorais
<b>Frèam-crucach</b>	Seòrsa de thogail mullaich dùthchasach far a bheil am mullach air a ghiùlan air paidhir de shailthean a tha cam no crucach gu nàdarra air an ceangal aig druim an taighe agus a' tarraing còmhla gnìomhan posta dìreach agus cabair (làn chrucaichean) no air an cur a-steach dhan bhalla (crucaichean àrda)
<b>Fuar-bhòrdadh</b>	Seòrsa de chòmhdach balla le maidean a' dol seachad oirean a chèile air frèam-obrach fiodha
<b>Glainne Pleat</b>	Siotaichean mòra glainne air an dèanamh ann am pleataichean agus air an lìomhadh, air an toirt a-steach às dèidh 1838
<b>Leathadach</b>	Mullach a tha a' cromadh sìos chu na bunnacha-bac air na ceithir taobhan uile
<b>Lòsain Laighe</b>	Lòsain ghlainne a tha nan sìneadh seach nan seasamh, fasanta eadar 1815-50
<b>Lòsan dorais</b>	Raon gloineach os cionn dorais; mas ann ceart-cheàrnagach seach leth-chearcallach, leth-ughach no roinneil, solus-tarsannan an t-ainm ceart
<b>Louvradh</b>	Bùird air uachdar a chèile aig na h-oirean a ceadachadh fionnarachadh agus a' cumail an uisge a-mach; air a chleachdadh aig ìrean taigh-chluig, persiennes, sùtairean, sabhail msaa
<b>Modillion</b>	Lùdag bheag, uaireannan cruinn, uaireannan mar bloc, stèidhichte aig ìrean cumbhalach ann an soffit barrabhaile
<b>Molltair</b>	Am fear as ìsle dheth na trì phrìomh earrannan sa mhòr-structair chlasaigeach, le caochladh a rèir an òrdugh sa bheileas gan cleachdadh; stìom-oire airson fosgladh no cùlaist

<b>Mòr-structair</b>	An t-ainm coitcheann airson na trì pìosan tarsainneach (architrave, frieze agus barrabhailc) os cionn colbh, ann an leasachadh, mar roinn eadar ùrlaran no mar bhann aig arceid
<b>Mullach Mansard</b>	Mullach le ceithir ìrean tearraich le ìre chas ìseal agus ìre àrd eu-domhain air gach taobh
<b>Mullion</b>	Maide dìreach a' sgaradh nan solais ann an uinneag
<b>Mutule</b>	Leacan beaga còmhnard aig soffit barrabhailc mòr-structair Doric agus air a shuidheachadh os cionn an triglyph, ma tha a leithid ann; gu math tric air a chleachdadh mar barrabhailc ceann-balla às aonais an làn mhòr-structair
<b>Ogee</b>	Lùb dùbailte air a dhèanamh le dà lùbadh an aghaidh a chèile gun bhristeadh; air a chleachdadh an dà chuid air mullaichean agus stuaghan
<b>Oirean</b>	Oirean a' frèamadh fosgladh no a' taisbeanadh coltas togalaich; tha a' chuid as motha air an togail (mar as trice aig àm nuair a bha an togalach air a harladh ach uaireannan air a chleachdadh mar sgeadachadh) ach tha cuid air an chamfaradh agus tha cuid air an suidheachadh air ais (ie air ais bhon sgreabhag no an stuth còmhdach)
<b>Pannalan Stàile</b>	Aig aghaidh buth, na pannalan fo sòl na h-uinneag taisbeanaidh
<b>Peileastair</b>	An riochd còmhnard de cholbh, air a dhèanamh suas le ceart-cheàrnach caol a' tighinn a-mach bhon bhalla; air a chleachdadh cuideachd airson cidheachan plèan no peileastaran às aonais òrdughan clasaigeach ris an canar strupan peileastar
<b>Pilotis</b>	Puist dhìreach os cionn ailtireachd, coltach ris a' Ghluasad Ùr-nòdhach às dèidh 1945

<b>Platt</b>	Àrd-ùrlar, leac fharsaing, ùrlar air staidhre, staidhre cloiche airson faighinn a-steach gu flataichean teanamant
<b>Pointadh</b>	Càradh lùban fosgailte ann an clachaireachd no obair-breice le aol-tàthaidh
<b>Rachdadh</b>	Air fhiaradh
<b>Sgiutha</b>	Clàradh crom, uaireannan cruinn, a crìochnachadh stuagh a tha na sheasamh bho ùrlar a' mhullaich
<b>Sgreabhag</b>	An riochd Albannach de gharbh-chomhdach far a bheil measgachadh de mhollagan beaga, mun aon mheud agus stuth tàthaidh (ann an sgreabhag traidiseanta, gainmheach agus aol) air a shadadh air balla cloiche; ann an sgreabhagan traidiseanta tha na mollagan sa mheasgachadh (fìuch); ann an sgreabhagan neo-thraidiseanta 20mh linn tha na mollagan air a chur air air leth (sadhadh tiorram)
<b>Sgreabhag Thiorram</b>	Dòigh còmhdach 20mh linn far a bheil sgreabhag air a chur air tiorram, gun a bhith air a thoirt a-steach dhan mheasgachadh (faic cuideachd sgreabhag)
<b>Sgrìobte</b>	Ann an clachaireachd, crìoch sgrìobte tarsainn, mar as trice air clach-shreathail, tarraingeach aig deireadh na 18mh linn agus tràth san 19mh linn. Faic cuideachd bràistinn
<b>Similear</b>	Am pios air taobh a-muigh ceann-ball luidhear simileir
<b>Siostam Thogte</b>	Abairt air a chleachdadh airson togalach ro-dhèante, mòr-bhuilichte às deidh 1945
<b>Sneicte</b>	Seòrsa de thogail cloiche air a dhèanamh suas le clachan ceàrnach far a bheil caochladh sa chùrsadh a' cleachdadh clachan beagan lionaidh no sneicean
<b>Soffit</b>	Bonn barrabhail, staidhre no àrd-doras; intrados am facal ceart a' buntainn ri stuagh

<b>Sprùilleach</b>	Clachaireachd nach eil làn sgeadaichte; ulbhagan 's dòcha, no sprùilleach fharsaing a tha air beagan de chumadh nàdarra na cloiche a ghleidheadh, no sprùilleach cheàrnagach far a bheil na clachan gu ìre ceàrnach agus faodar an cùrsadh no an sneiceadh; ie le caochlaidhean anns a' chùrsadh air a thoirt gu buil le bhith a' cleachdadh clachan beaga lìonaidh eile no sneicean
<b>Sreath-phost</b>	Barrabhalla no rèile staidhre le maidean dìreach le taic bho rèile no maide mullaich
<b>Stàbalan</b>	Stàbaladh, ann an seadh bailteil
<b>Staidhre-a-muigh</b>	Staidhre cloiche a-muigh, mar as trice gu ìre 1 làr
<b>Stoidhle Eadar-nàiseanta</b>	Stoidhle sìmplidh Chubach de dhealbhan ùr-nodhach dìth-riaghailteach, mar as trice geal às aonais sgeadachaidh, riochdaichte le uinneagan ann am bannan còmhnard agus planaichean fearainn fosgailte
<b>Stuagh-bheag</b>	Comharra stuagh bheag os cionn fosgladh no cùlaist
<b>Stuagh-iseal</b>	Riochd clasaigeach de stuagh barrabhailc no stuagh bheag air a chleachdadh aig fosglaidhean a thuilleadh air ceann-thall structairean mullaich
<b>Stùcach</b>	Airson obair cloiche, an t-uachdar aige air a thaghadh ri pàtran cunbhalach, air a chleachdadh gu cumanta bho meadhan na 19mh linn air adhart
<b>Taigh-chalman</b>	Taigh airson calmair
<b>Taigh Deigh</b>	Seòmar boghlanach no cruinn air a chòmhdach le ùir a bh' air a lìonadh le deigh airson feum san dachaigh no airson malairt eisg
<b>Taigh-glainne</b>	Taigh-glainne no leudachadh lònach mar sheòmar gàraidh
<b>Tranrsa</b>	Tranrsa fhosgailte aig gach ceann tro thogalach; mar as trice airson carbadan (seach clobhsa a tha air a chleachdadh mar as trice le daoine air chois)

<b>Transom</b>	Maide tarsainn a' sgaradh fosgladh uinneige
<b>Trus</b>	Na frèamaichean triantagach a tha a' giùlan mullach
<b>Uinneag-mullaich</b>	Uinneag a' bristeadh a-mach bho na bunnacha-bac aig ceann a' bhalla no air an stèidheachadh sa mhullach
<b>Uinneagach</b>	Uinneagan togalaich
<b>Uinneag Bhannach</b>	Seòrsa uinneag far a bheil na lòsain a' gluasad sìos is suas am broinn dà frèam air taobh a-staigh na còmhlaidh, am fear gu h-àrd a' gluasad a-mach bhon fhear gu h-ìosal
<b>Uinneag sguabte</b>	Uinneag mullaich air a dèanamh le bhith a' sguabadh earrann dhen mhullach suas bhon a' bhun aig ìre nach eil cho cas; aithnichte cuideachd mar uinneag catslide





ISBN 978-1-84917-013-0